



6 . B

H.M. 220.

Jypo. 295









MARBHRAINN

AIR

DR. BEGG, BHA'N DUN-EIDIN;

'S AIR DR. CEANADAIDH BHA'N
INBHIRFEORATHAIN;

AGUS

AIR DAOINIBH DIADHAIDH BH'ANNS AN
AIRDE-TUATH.

LE

DOMHNULL MACANROTHAICH,

An Sgìre Lairig, an Calaobh.

PRICE THREEPENCE.

1886



LAURISTON CASTLE
LIBRARY ACCESSION

102

MARBHRANN

AIR

DOCTOR B E G G,

BH' ANN AN DUN-EIDIN.

AIR FÒNN—“*Far och, is och, is och, mo leòn!*”

O! ALBAINN bhoichd, nach dean thu caoidh,
O'n Airde-Deas gu Duth'ch Mhic Aoidh,
Oir chaill thu “firean còir,” is saoidh,
'S fear-faire dìleas, cumhachdach.

Is thus' Dhun-èidin, mar is còir,
Nach cuir thu ort do chulaidh bhròin,
Oir aobhar caoinidh ann tha mòr,
'N uair 'thuiteas prionns' an Israel.

B' e sud an sgeul ris nach robh suil—
Gu 'n deachaidh Doctoir Begg 'thoirt uainn',
'S gu 'm bheil e nis 'na “dhachaidh bhuan,”
'S gur sàbhailt' null air Iordan e.

Is Eaglais Shaoir, nach dean thu bròn,
Oir 'sin an ni tha dhuit-sa 'na leòn—
Doctoir Begg 'bhi 'n diugh fo 'n fhòid,
Is cianal, bochd, do shuidheachadh!

'S a dhaoin' Loch-Carroin, 's Port-an-t-Shroim,
Cha 'n ioghnadh leam bhur cinn 'bhi crom,
Is ged a bhiodh bhur crìdhe trom,
Seadh, cràiteach, fòs is muladach.

Is mòr a rinn e air 'ur sgàth',
 O àm na Cùirt gu ruig an là,
 'S an d' fhuair sibh saors', oir dhiubh 's e 'bha
 Na charaid 's na fhear-cuideachaidh.

Bu charaid do na Gaidhil e,
 Is iomadh uair a chuir e 'n céill
 Gu 'n robh iad sud nan sluagh ro-threun,
 'S a' chòmhrag gu 'm bu ghaissgich iad.

Ach b' iomadh cath a chuir e féin,
 O thus a bheath' gu crìoch a réis,
 'S bu lionmhor buill' fhuair e, is beum,
 O mhòran de 'n luchd-aideachaidh.

'S a thaobh a dhuinealas ro-mhòr,
 Bha e anns a' chath, mar leomh'n,
 Gidheadh, bha foighid aig', gu leòr,
 Is macantas 'nuair 'labhradh e.

B'e 'n gaisgeach sgairteil e, 's fear-iuil,
 Nach biodh, mar ghealtair ann an cuil,
 'S nach d' thugadh gnùis dha inneal-ciuil,
 No laoidhean ann air n-eaglaisibh.

Dha beachdaibh meallt' cha d'thug se géill,
 A bhiodh luchd-claonaidh 'cur an céill,
 'S nan aghaidh dh' fhosgail e a bheul,
 Gu tric gu treun mhor, cumbachdach.

Neo-ghluasadach bha e do ghnàth,
 A' dion, gun eagal, is gun sgàth,
 Firinn Dhé o là gu là,
 A dhain'coin air na dh' fhuiligeadh e.

Air taobh na Firinn bha e treun,
 'S air taobh na Sabaid mar an ceudn',
 'S air taobh gach ni bha maith ann féin,
 Ro-dhileas agus treibhdhireach.

Cha b'eud gun eolas ghluisseadh e,
 Ach speis ma thimchioll gloir a Dhé,
 Is uime sin, cha b' ioghnadh e
 Gu 'm biodh an Namh 'g a sharuchodh.

A chruth 's a dhealbh bha maiseach, breagh,
 'S air aghaidh gruaim cha 'n fhacas riamh,
 Bha ghuth ro-bhinn 's a chiabhan liath—
 B'e féin an duine foghainteach.

'S ann aig' bha 'n guth bha làn do cheòl,
 Bha tuigs' is foghlum aig' gu leòr,
 Bha fhoighidinn 's a ghliocas mòr,
 'S e sin rinn treun 's a' chòmhrag e.

Ach ged bha Doctoir Begg ro-threun
 'N tràth tharladh dha bhi aig a chléir,
 Gidheadh bha e air ceann an treud,
 Le bainne fìor 'g 'am beathachadh.

'N tràth labhradh e ri clann nan gràs,
 Bha bhriathra milis, làn do ghràdh,
 'S iad sileadh sias mar ola thlàth,
 No mar fhìon nuadh 'gan neartachadh.

Is mar an ceudn' do 'n neach bha fann
 'S e bheireadh misneach nach bu ghann,
 Air chor 's gun togadh e a cheann
 Le h-aoibhneas is le subhachas.

'S do 'n anam sin bha lag is sgèth,
 'Se bheireadh spionnadh mor gun dìth,
 Le briathraibh làn do bheath's do bhrìgh
 Bha freagarrach r' a shuidheachadh.

'S an t-anam sin na shuilibh féin,
 Bha làn do chreuchdan salach, breun,
 'S e chomhairlicheadh 'bhi deanamh feum
 De 'n ioc-shlaint bh' ann an Gilead.

Is ris an neach bha ainnis lom,
 'S a mothuchail air ealach trom,
 'S air crìdh' ro-chealgach bhi na chom,
 'S e labhradh briathran sòlasach.

Is ris an deòradh, bhiodh an sàs,
 O fhaireachduinn air corp a' bhàis,
 'S e dheanamh luaidh air cumhachd gràis,
 'S air eifeachd fola an t-Shlànuighir.

Ach ris an dream bha tinn le gràdh,
 Is fos le peacadh air an cràdh
 B' e chomhairl' dhoibh, a bhi gach là,
 A' ruith an réis le foighidinn.

Bhi ruith an réis, is deanamh luaidh,
 Air fireantachd an Ti fhuair buaidh,
 Air cumhachd Ifrinn agus uaigh,
 Le umhlach naomh 's le fhulangas.

'N uair labhradh e mu bhàs 's mo ghlòir
 An t-Shlànuighir, 's a ghràdh ro-mhòr,
 A sileadh sìos 's ann bhiodh an deòir,
 'S a druidheadh air bha thegasgan.

Ach ris an truaghan bha do ghnàth
 Do 'n fheòl na sheirbhiseach gach là,
 'S e theireadh e—"Is fìor an ràdh
 Nach fhaic thu neamh gun aithreachas."

Tha Doctoir Begg a nis an glòir,
 'S gu bràth cha'n fhaic sinn e nis mò,
 A' triall n'ur measg' an tìr nam beò,
 Oir thug a Mhaighstir dhachaidh e.

Nis cliu gu 'n robh do 'n Bhuachail fein,
 A chum e seasmhach agus treun,
 Air taobh na fìrinn anns gach ceum,
 'S a ghleidh e gun bhi tuisleachadh.

Ach co a sheasas nis 'n a àit'
 N ar la ro-dhorch oir 's e a bhàs,
 Dh' fhàg lag an dream sin 's ciùirt' an tràth-s',
 A lean a bheachd 's a theagasgan ?

Oir tha an dream sin gun cheann-iuil
 No fear a sheasas air an stiùr,
 No fear a sheasas air an stiùr,
 An laithibh dubhach, cunnartach.

Is, och, tha iad an diugh fo thuir's',
 Cha 'n iognadh e, oir feadh a chùrs',
 Bha 'n duine beannuicht so 's a' chùirt,
 'Na cheannard dhoibh, 's na chomhairleach.

Och, b-fheumail dhoibh-s' e air an ceann,
 'N uair bhiodh na trioblaidean 'tighinn teann,
 A thuigs' 's a ghliocas bha neo-ghann,
 'S bha dhilseachd mòr, 's a threubhantas.

'S a dhaoine òg, 's ann dhuibhse féin,
 Chuir mi na rainn tha so r' a 'chéil',
 O gluaisibh treibhdhireach 'na cheum,
 'S gu bràth cha ghabh sibh aithreachas !

MARBHRANN

AIR

DOCTOR IAIN CEANADAIDH,

BH' ANN AN INBHIR-FEORATHAIN.

AIR FONN—“*S e fulangas mo Shlànuighir.*”

THA Ros fo thuirs', cha 'n ioghnadh e,
 Oir fhuair i aobhar bhròin
 Rinn muldach is craiteach i—
 Och 's mòr an duigh a leòn—
 An teachdair àluinn, oirdheire sin
 Thug barrachd' measg an t-shluaigh—
 Seadh, 'n teachdair gràdhach, beannuicht' sin,
 'Bhi tosdach anns an uaigh.

Is ged tha Ros, 's gach sgìreachd dhi,
 'Sa Ghaelteachd fòs gu léir,
 An diugh fo 'neul de chianalas,
 Is dubhachas tha geur ;
 Gidheadh 'se Inbhir-feorathain
 Gu h-àiridh 'tha ri caoidh,
 Oir guth a teachdair urramaich
 Cha chluinn i 'n so a chaoidh.

'S e so is aobhar tuiridh dhi—
 Gur tosdach tha am beul,
 A theachdaireachd gu dùrachdach,
 'S gu dìleas chuir an céill ;
 'S a' ghnùis ro-bhreagh is mhaiseach sin,
 Bha lasadh suas le gràdh—
 A' ghnùis ro-àillidh 's dhreachmhor sin,
 Nach fhaicear 'n so gu bràth.

Cha 'n fhaicear ann an cùbaid e
 Air ceann a shluaigh le h-eud,
 'S le tuigse mhaith 'g am misneachadh,
 Gun chiùrradh dhoibh 's gun bheud ;
 Oir chrìochnaiceadh a sheirbhis-san,
 Is fhuair e nis a dhuais,
 'N tràth thug a Mhaighstir dhachaidh e,
 Gu tìr Chañain ta shuas.

'Sa, Dhoctoir Iain, Urramaich,
 Is duilich leinn an smuain—
 Nach fhaic sinn is nach cluinn sinn thu,
 Oir thugadh tusa uainn ;
 Is dhuitse ged bu bhuanachd so
 'S ann thug e buill' bha geur,
 Dha 'n iarmad bheag tha aon'ranach,
 A' triall feadh “ghlinn nan deur.”

Och 's iomadh neach tha aon'ranach
 A nis 's an Airde-tuath,
 'S an lotan cha ghabh slànuchadh
 'S an fhàsach so cho luath ;
 Oir bha cuid air an ceangal ruit,
 Le gràdh cho mòr 's cho teann,
 'S gur e ad fhois tha feitheamh orr'
 A bheir am bròn gu ceann.

Is lionmhor iad na dilleachdain
 A dh' fhàg do bhàs 's an tìr,
 Tha'n diugh gu truagh 'n am faireachduinn
 Is aobhar ac' gu fìor ;
 Oir chaill iad neach bh' air ullachadh,
 Le gibhtibh agus gràs,
 Thug aithne dha mar 'labhradh e,
 Rì muinntir bhiodh an sàs.

Bu mhòr gu dearbh 's neo-chumanta,
 Na gibhtean fhuair thu féin—
 Na pairtean laidir nàduir sin,
 'S na gràsan mar an ceudn' :
 B' e 'n t-ùngadh pailt is saibhir sin,
 'S am breithneachadh ro-gheur,
 Rinn sonruicht' 'measg do bhràithrean thu—
 Do bhràithrean uil' gu léir.

'S bha agad eolas litireil,
 Is ionnsuchadh bha mòr ;
 Ach b' aithne dhuit nach biodh iad sud
 Airson na dreuchd nis leor,
 Gu'n ghràs 'bhi air a bhuileachadh,
 'S an ath-bhreith ghlan 'bhi ann,
 Ged bhiodh an teangadh deas-bhriathrach,
 Is foghlum anns a' cheann.

Oir riamh mu 'n deach do chùbaid thu,
 A chum 'bhi deanamh luaidh
 Air Soisgeul Chrìosd, 's ann thugadh thu
 Troimh dhearbhaidhean bha cruaidh :
 Cha 'n e an ni nach d' fhairich thu
 A bha thu 'cuir r'a chéil',
 Ach firinnean a mhothuich thu,
 Bha teachd a mach o d' bheul.

Oir chaidh do thoirt trid uisgeachan
 Ro-dhomhain bha gu dearbh—
 Troimh thonnann agus sumainnean,
 Bha laidir agus garbh.
 Is iomadh neul chaidh thairis ort,
 Trath bha thu ann an daors',
 Ach 'n uair a thugadh fuasgladh dhuit,
 Bu mhilis bha do shaors'.

Ach 's cianal mar tha mòran nis
 Gu cùbaid theid gun fhiamh,
 Is fiu lot-prin nach d' fhairiah iad,
 Is leòn nach d' fhuair iad riamh ;
 Ach, Iain chaoimh, cha b' ann mar sin
 A chaidh thu steach do 'n dreuchd,
 Oir b'urrainn dhuit o t' fhaireachduinn
 'Bhi 'laimhseachadh nan creuchd.

Bu mhor an t-shochair shealbhaich iad
 A chunnaic thu 's an fheòil,
 'S bu mhó gu mhòr, an t-shochair sin,
 'Bhi 'cluinntinn guth do bheòil ;
 'S ged tha iad ann dha 'n dìteadh e—
 Gu 'm fac' 's gu 'n cual iad thu ;
 Tha cuid, airson gu 'n d' eisd iad ruit,
 Do Dhia bheir glòir is clin.

O, bu phrionns' 's a' chùbaid thu,
 Bha ainmeal ann do là,
 'S cha 'n 'eil ar suil gu 'm faic sinn 'n so
 Do leth-bhreac-sa gu bràth ;
 Oir comhla ris na gràsaibh sin,
 Rinn aithnicht' thu 's gach cùis,
 Bha mais-ealachd na Flaitheanais,
 A' dealradh ann do ghnùis.

An Lagh le uile uamhasaibh,
 Gu gairnmeal chuir tu 'n céill,
 Gach reachd ro-naomh, is cudthromach,
 'S gach bagairt 's àithn' le chéil' ;
 Oir bheireadh tu gu Sinai iad,
 Bha socrach ann an suain,
 Gun chùram ac' mu 'n t-shiorruidheachd,
 'S gu 'n spéis do fhuil an Uain.

Ach, O, is tu nach fhagadh iad
 Aig Sinai dhaingean àrd,
 Gu 'n 'bhi 'deanamh iomradh air,
 Bhi 'deanamh sgeòil gun chàird,
 Air ullachadh ro-shaoibhir sin
 An Ti a's airde-glòir,
 Do dhaoinibh cailt is ceannairceach,
 'S do naimhdibh uibhreach mòr.

Air Soisgeul De, 'n a fharsuinneachd,
 Is tu a deanadh luaidh,
 Gu gaolach, eudmhor, cumhachdach,
 'S le dùrachd, is mor-bhuaidh ;
 Is bha an ni a labhradh tu,
 A' druidheadh ortsa féin,
 Bha brùiteachd ann do theachdaireachd,
 Is mìlseachd, mar an ceudn'.

Is ged bha t' eud ro-thogarrach,
 Dha t'eòlas thug 'se géill,
 Oir b' òrdail, dòigheil chuirreadh tu
 Do theagasgan an céill ;
 Oir riamh cha robh thu, mar ta cuid,
 Do Lagh is Soisgeul Dè
 A' deanamh measgachadh, 's gidheadh,
 Cha Lagh 's cha Soisgeul e.

Ach mar bu tric 's ann bhitheadh tu,
 A' labhairt, Iain Chaoimh,
 Air faireachduinn na h-oighreachd, is
 Mu ghnìomh an Spioraid Naoimh—
 An obair dhiomhair, mhiorbhuilleach,
 Bhios meudachadh is fàs,
 An crìdh' gach neach a bheothaich e,
 'S a shaor e le a ghràs.

Ach, o, 's ann do na cuirramaich
 Do bhriathran bha do ghnàth
 De shòlas làn, 's iad sileadh sìos,
 Mar ola phrìseil, thlàth :
 An creuchda-san 's tu shlànucheadh,
 'S an lotan cheangladh suas,
 Is gach aon leòn 's tu laimhsicheadh,
 Le bàighealachd 's le truas.

'S do 'n dream sin a bha sàruichte,
 'S a dhearbh an Namh 's a bhuaire,
 Thug thusa saors', 's comhfhurtachd,
 'S mor mhisneachd, iomadh uair.
 Bhiodh ceistean air am fuasgladh leat,
 'Chuir dragh air crìdh' an t-shluaigh,
 Bha glaiste suas an slabhruidhibh,
 'S a bha fo chuibhreach chruaidh.

's do dhaoinibh bochd is ainniseach,
 Bha aimbeartach is truagh,
 As an Tigh-thasgaidh bheireadh tu
 Mach nithe sean is nuadh ;
 Bhiodh ionmhaisean a' Chumhnaint leat,
 Do 'n Oighreachd fosgailt suas,
 'S bhiodh “òr na h-Ophir” sgaoilte dhoibh,
 Is mana ùr 'tighinn nuas.

Seadh 's air an dream bha fannachadh
 Lòn fallain bha thu 'roinn :
 Na Feumnaich gheibheadh 'n riarachadh,
 'S bhiodh aran aig a' Chloinn—
 Biadh laidir aig na h-òganaich,
 'S aig leanabaibh bainne blàth ;
 Do 'n ocrach cuilm bhiodh deasuichte,
 'S gheibheadh daoine bochd an sàth

Le “ smior a' chruithneachd ” bheathuich thu
 'S le *ailghios cuirm* an sluagh.
 'S e sin thug neart is spionnadh dhoibh—
 'S 'chuir mais' orr' agus snuadh ;
 Do 'n aosd' a' tabhairt dìomhaireachd,
 Is fion dha 'n dream bha sgèth,
 'S 'toirt misneachd dha na deòraibh bochd
 'Bha brist' is brùit' an crìdh'.

Is tric a chuir thu iongantas
 Air fìor luchd cagail Dé—
 An cor, an staid, 's an suidheachadh
 Mar dh' innseadh tu gu réidh ;
 An cùisean 's tu a laimhsicheadh,
 'S a tharruingeadh an dealbh,
 Am faireachduinn bhiodh rannsuichte,
 Gach daors', is saors', is sealbh.

Is bha cuid ann 's cha burrainn dhoibh
 Air 'n staid bhi deanamh luaidh,
 Ri cèistear, no ri ministear,
 No neach eil' 'measg an t-shluaigh,
 Ach 's tus' an cor a shloinneadh dhoibh
 Nach b' eòl dha aon fo 'n ghréin,
 Air bord an gearrain sgaoileadh tu
 'S an trioblaid, mar an ceudn'.

'S bhiodh 'm Phairiseach, le chealgaireachd
 Air fhaotainn leats' 's gach cùil ;
 Chuid fhìreantachd bhiodh ruisgte leat,
 'S an robh a dhoigh 's a dhùl ;
 'S dheth thrusgain ludach dh' fhagadh tu
 E falamh agus lom,
 'Na shuilibh fein, ged bhitheadh e
 A' giulain torraidh trom.

Ach, O, bu leaght' 's an ùrnuigh thu,
 Ro-mhilis, gaolach, blàth,
 Seadh, eudmhor, agus cumhachdach,
 Is soluimte, do ghnàth :
 Do ghuth bhiodh làn do bhrùiteachd, is
 Do shùilean togta suas.
 'S bhiodh 'n t-ùngadh orts' a' fhoiseachadh,
 'S an drùchd gu pailt tighinn 'nuas.

Is b' fhior-fhear-fair is saighdear thu,
 Bha dìleas anns gach cùis ;
 Do bheachdan fiar cha gheilleadh tu,
 Is dhoibh cha d' thugadh gnùis.
 An aghaidh srùth na truillidheachd
 Is tric thog thu do pheann,
 Is fòs do ghuth, gu comasach,
 Gu cumhachdach, neo-ghann.

'S an aghaidh fòs an teagasg sin,
 Sheas thu gu treabhach, treun,
 A thainig *nall thar cuantaibh*, is
 E truailidh, salach, breun—
 An aghaidh 'n dream na laoidhean sin
 An ait' na Salm bha 'seinn,
 'S bha saoil sinn sluagh gu 'n iompaicheadh,
 Le fonn is ceòl bha binn.

An diadhachd sin cha chordadh ruit—
 Is mòran dhi air falbh—
 Gun bheath a ta, is anns nach 'eil,
 Ni eil' ach sgàil is dealbh ;
 An diadhachd sin gun bhonn a ta,
 Ach *creideamh 'n aont'* a mhain,
 'S bhios rìaraicht' le ath-leasachadh
 Air uachdair cridhe slàn.

Is iomadh àit' troimh 'n d' imich thu
 Le soisgeul Dhé dha 'n t-shluagh,
 'S le teachdaireachd do Mhaighistir,
 Mu Dheas 's an Airde-tuath :
 Bu tric a chunneas miltean, anns
 Na glacaibh 'suidhe siòs,
 Is uair 'n deigh uair aig éisdeachd ruit,
 Gun fhadal orr' 's gun sgiòs.

Mar theachdair, 's tu bha treubhant', ach
 Mar Chriosduidh, 's tu bha seimh,
 Oir air do ghràs, bha irioslachd,
 Is air do ghibht' 'cuir sgeimh ;
 'S ann bha thu macant' tèò-chrìdheach,
 Is coimhneil, cairdeil, caomh—
 Neo-thuisleach ann do ghluasad, is
 'Am beath' neo-lochdach, naomh.

'S e bh' annad aodhair' dìlis, is
 Duin-usal, aoidheil, còir,
 Do chrìdh' bha farsuinn, fosgailt, is
 Bha t-olachas ro-mhòr :
 Do shuil bha blàth, 's làn carththannais,
 'S ann air do ghnùis bhiodh faoilt,
 Do laimh ro-fhiallaidh sint' do 'n bhoichd,
 Is dhoibh do mhaoin bha sgaoilt.

Do leth-bhreac c'ait an cluinn sinn nis,
 Is c'uin a chi ar sùil,
 Neach eil' cho treun mar theachdair, no
 Cho feumail mar fear-iùil ?
 Fear-teagaisg eil' cho spioradail,
 S cho gràdhach fòs an crìdh',
 Mar dhuin, mar Chriosduidh, 's ministèir
 Cho maiseach anns gach ni ?

'S ged thug an Tighearna dhachaidh thu,
 Cliu gu 'n robh dha gu sior,
 Gu 'n d'thug 'se bith air thalamh dhuit,
 Is ath-bhreith ghlan, is fhior,
 Gu 'n d' iompaich, is gu'n d'ullaich thu,
 'S gu 'n d'ùng le pailteas gràis
 'S o aobhar nàir gu 'n ghleidh e thu,
 Gu uair is àm do bhàis.

Ach nis cha 'n fhaic, 's cha chluinn sin thu,
 'S an t-shaoghal so nis mò ;
 Is nis ged nach 'eil faidh 'nar measg',
 Tha Dia na'm faidhean beò.
 'S gu 'n leigeadh Esan t-fhalluinn nuas,
 'Na iochd, 's na thròcair mhòir,
 Is neach 'n t-àit'-s' gu 'n togadh E,
 'S dha fein gu sior bi 'ghlòir !

MARBHRANN

AIR

DOMHNULL DUFF.

AIR FÒNN—“ *An Claiqeann.*”

Is dubhach an sgeul
 A chaidh chuir an céill,
 Gu'n deachaidh prionns' treun thoirt uainn'—
 Domhnull Duff, mais' an t-sluaigh—
 Is ni e tha cruaidh—
 'Bhi 'na luidh 's an uaigh, na shuain.

Is cinnteach an nì,
 Gu'm bheil clann an Rìgh,
 A chual e, 'n an crìdh' fuidh leòn,
 'S gu'm bheil clann nan gràs,
 Dha'm b'aithn', e an sàs,
 Is fachuis a bhàis, ri bròn.

Is lionmhor gach deur
 A shileadh bha geur,
 Air a sghàth-s' gu léir, an tràth-s'.
 Bu duin' e bha seimh,
 'S bha mais' air is sgeimh ;
 'S le drùchdaibh o neamh bha fàs.

B'e so'm "firean còir,"
 Fhuair gibhtean bha mòr
 Is gràsan gu leòir, tha fìor,
 'S bu gheug e bha trom,
 Le torraidh bha crom,
 'S gur e 'bhàs dh'fhàg Iom ar tìr.

Och, b'e am fear-iùil,
 Mar iolair a shùil,
 'S mar ghaoth anns 'na siùil bha 'eud ;
 Bha bhreithneachadh geur,
 Agus eòlas da réir,
 'S a sheasmhachd bu léir do'n Treud.

Bu chomasach e
 A measg focal Dé
 A' labhairt gu réidh 's gu treun ;
 Mu'n 'ghealladh 's mu'n reachd,
 Le aithn' is le beachd
 Bhi 'teagasg, 's e chleachd e féin.

Gun fhiaradh, gun bheud,
 Gun chiùrradh do'n treud,
 S e 'shìubhladh air leud an raoin.
 'S bhiodh gach Rut fo sgiòs
 A' tional nan dias
 'Bhiodh 'tuiteam a sìos, gu caoin.

An leisgein bhiodh duisgt'
 'S an cealgair leis ruisgt'
 Leis an fhìrinn, mar shùist, 's mar lann ;
 'S e bhioradh an "Fhéin,"
 'S gach teagasg bha breun,
 Gu tuigseach, gu treun, 's neo-fhann.

A chrìdhe bha blàth,
 'S a bhriathra do ghnath
 A' druidheadh, gach tràth 's gach ré,
 Air féin, mar bu chòir,
 'S bu tric bhiodh na deòir
 A' tighinn gu leòir, 's gu réidh.

Ach, nis 'measg nan daoin'
 Tha 'bruidheann air Di-h-aoin'
 Cha'n aithne dhomh aon mu Thuath,
 'B'urrainn sùrd 'chur air crìdh'
 'N luchd-turuis bha sgìth,
 Le teagasg-làn brìgh, cho luath.

Gu'n togadh an ceann
 Suas sliochd agus clann,
 Oir tha iad ro-ghann air fàs,
 'S gu'n gabhadh e truas
 'S gu'n cuireadh e 'nuas
 'N a thogadh ar cruas 's ar bàs.

MARBHRANN

AIR

AN URRAMACH IAIN MACMHUIRICH,

MINISTEAR NA H-EAGLAIS SHAOIRE, AN SGIRE
LAIRIG, AN CATAOBH.

Och, a Bhàis, is tu nach fhuirich—
Cha chuir ar n-éigin ortsa éis ;
Ghearr thu sìos Iain caomh Mac Mhuirich,
Oir nis chrìochnaiceadh a réis.

B'e 'n duin' ciuin e—neach bha aithneil,
'S feumail ann an iomadh ni,
Is o mhi-chliu 's aobhar sgainnel
Shaoradh e troimh ghràs an Rìgh.

Fhuair e ionnseachadh is oilean,
'S foghlum litireil gu leòir ;
Is a chùrs' gu reidh 's e choimhlion
Gun saobhreas aige a bha mòr.

'S thar gach cànan 's ann gu h-àiridh
Anns a' Ghàidhlig thug e buaidh,
'S dh'fhàg e daoine' ro-thearc an aireamh,
Cosmhuil ris 'an ceistibh cruaidh.

Anns a' chùbaid 's e nach milleadh
A theagasg-san le mor-fhuaim—
'Bhriathr' gu socrach, seimh a sileadh—
'S air aghaidh 's gann 'chunncas gruaim

Bha e maiseach, mìn, is macant',
 Is neo-bhras bha e gu dearbh ;
 Bha foighid aig' bha neo-chumant'
 'Meadhon connspoid 's comhstri gharbh.

'S ged nach robh e beò is fileant'
 Anns a' chrannag, bha e geur,
 Is ro-phuncail, òrdail, ealant',
 Anns an t-sheanadh, 's aig a' chléir.

'N aghaidh cunnartaibh an "Aonaidh"
 Sheas e treun gun gheilt, gun sgàth,
 'N aghaidh mearachdaibh luchd-claonaidh
 Treubhach, 's treibhdhireach do ghnàth.

An duin' fiachail, 's e chaidh fheuchainn
 Le' trioblaid 'n iomadh doigh,
 'S o gach diobhail agus deuchainn,
 Fhuair e fuasgladh nis, fadheoidh.

Och, sgrì' Lairig, 's tus' tha fàsail,
 Do chinn-iuil a nis 's an ùir,
 Dia gu'n tog dhuit daoine gràsail,
 'S aodhair' dìleas nis as-ùr.

'S o'n roinn sin a ta cailleach, duilich,
 Gu'n gleidheadh E thu an tràth-s',
 'S teachdair' treibhdhireach gu'n ullaich,
 Le gibhtibh ùngta 's le gràs.



LILIDHEAN CHATAOIBH :

NO,

IOMRADH AITHGHEARR AIR DAOINIBH AGUS
MNATHAIBH DIADHAIDH BHA'N CATAOBH, AGUS
ANNS AN AIRDE-TUATH.

AIR FONN—“*'S ann tha'n éifeachd am fuil an Uain.*”

O, dheanainn iomradh air pobull Dé
'S nam b'aithn' 's nam b'eòl dhomh, bu chubhaidh e,
'Bhi 'deanamh sgeòil air na daoineibh oirdheire
A bha ro-tharbhach nan là 's 'n an ré.

Bha daoine ainmeal 's an Airde-tuath,
Nach b'aithn' do'n t-shaoghal 's dha'n d'thug e fuath,
Is falamh, fàsail gach ionad 's àite,
A bh'ac', nach lionar an so cho luath.

Is ged tha'n duslach a nis 's an ùir,
Gidheadh tha cuimhn' orra sud tha cùbhr',
Is ged bu chearbach, bn choir 'bhi tairgseadh
'Bhi deanamh luaidh orra nis as-ùr.

'S am measg an aircamh bha duine treun,
Is fianuis threibhdhireach, mar an ceudn'
Bu Domh-null Suth'rlan e o sgrìr 'Dhiurnais,
No, “Domh-null Choinnich,” ma's maith leat féin.

Bu dluth a chomhradh ri cùirt an Rìgh—
Bu naomh a ghiulan 's na h-uile ni ;
Is iomadh uair run an Tighearna fhuair e,
'S ann thig a chaidh e'n trath buairt is sgìth.

Is buair'dhean Shatain 's an da a b'eòl,
 Oir 's iomadh innleachd chleachd e, is seòl,
 A chum a thàladh, ach fhuair e sàbhalt,
 Gu àit 's nach crìochnaich, 's nach sguir a cheòl.

'S an Ead'r-a-chaolas bha prionnsa mòr,
 Iain caomh Mac Coinniach—an duine còir—
 Bu mhòr am bearn rinn a bhàs 's a' chearn ud,
 Ach 's ann gu sonruicht' an Scabh'ridh mhòir,

Och, b'e an gaisgeach e am measg dhaoin',
 An uair a' labhradh e air Di-h-aoin'—
 A ghuth mar thrompaid—bha bhriathra ciùirteach
 Do theagasg truailidh, 's do bheachdaibh faoin

Is e nach éisdeadh ri daoineibh truagh
 A ghabh fo's laimh a bhi teagasg sluaigh,
 'S gun aithn' 's gun eòlas ac' uair 'bhi seòladh
 An 'Treud;' 's e 'n t-airgiod a mhain bha uath.

Oir ged a bha e 'n a dhuine dall,
 Cha robh a *chlaisteachd*, no *bhlas* air chall,
 Bha tuigse gheur agus ciall d'a réir aig,
 'S am beath' na diadhachd cha robh e mall.

Is ann an Asainnt bha sguaban trom,
 Ged nis a tha i air fàs ro lom ;
 Bha daoine fiùghail mor-mheas bha 'giùlan,
 Mar gheug tha luchdaicht', 's gu làr tha crom.

Iain Guine foghlumt', bha e 'na linn
 Na cheisteir ainmeil : is e bha binn
 Domhnull mor Macleoid, tha fo ghlas an fhoide,
 An uair a thoisicheadh e air seinn.

Is nis tha Morchaidh Macleoid 's an uaigh,
 A chaidh troimh amhgairean a bha cruaidh,
 Geur lotan fhuair e, 's bu tric chaidh bhuaireadh,
 Gidheadh troimh ghràs thug e mach a' bhuaidh.

Is chaidh a dhearbhadh car iomadh là
 Le cuilbheirt Shatain ach bha e ghnàth
 An ceann na h-ùrnuigh ro leaght is brùite,
 'S 'nuair gheibheadh e saors', 's e bha gràdhach, blàth

'S tha Al'sdair* òirdheirc a nis air falbh—
 'S ann ris nach còrdadh an sgàil 's an dealbh,
 'N àit' oibre fhiorghloin 's an oibre dhiomhair;
 'S 'n uair chluinnt' leis fiaradh, cha bhiodh e balbh.

Mar “sholus dealrach” bha e, 's mar reul—
 'S do theagasg mealltach cha d'thugadh géill—
 Le briathraibh ordail is guth bha ceòlmhor,
 Ri ceist 's e 'labhradh le cainnt làn céill'.

'S bha Seoras Sheumais, no, fòs, Mac Aoidh,
 Thall an Taobh-Mhelneis, an Duth'ch Mhic Aoidh,
 Is, ged bu nàireach, chaidh e a shàruch',
 Le cuid bha laidir 's neo-bhrist' an crìdh'.

Be'n Criosduidh gaolach e, agus blàth,
 Bha subhach, suilbhir, is làn do ghràdh;
 Is e bhiodh ùrail 'n uaia bhiodh e 'g ùruigh,
 Is cialach, òrdail 's na bhiodh e 'g ràdh.

'S bha Daibhidh Gordan shios an sgìr' Chlìn,
 Duin' dìreach, diadhaidh, 's ro-mhaiseach, mìn,
 Is neach bha gràdhach, ro-shuaire, is cràbhach,
 'S bu tearc bha cosmhuil ris anns an linn.

Be'n Criosduidh tarbhach e, torrach, treun,
 'S e tric a labhairt mu'n àm o chéin;
 Bu bhlasd' a chòmhradh 's bu ghasd' o chòrdadh,
 A bheath, 's a bheusan, 's a bhriathran féin.

B'e 'n “reannag shoills'” e 'n a là 's a' sgìr',
 An duine faoilidh, 's an Criosduidh fìor;
 'S le dealt o neamh chuireadh sùlt is sgeimh air,
 Och, 's mòr am bearn rinn a bhàs 's an tìr.

* Alexander Kerr, Assynt.

Is “ Bantrach Sheosaidh,”* bha cliuteach, caomh,
 Bha glan am beus, is am beath bha naomh ;
 B’e ’tlachd ’s ’toilinntinn ’bhi ’measg na F’lirinn,
 ’S am measg nam braithre a bh’air gach taobh.

’S bha Rob caomh Domh-nullach ’s an Dal-mhòir,
 An sgrì’ Rogh-ard, agus Domh-null còir ;
 Seadh, Domh-null Suth’rlan, an duine fiughail,
 Criosduidh maoth-chridheach, maiseach, mòr.

Is Aonghas Muradh, agus a bhrathair,
 Is bhiodh air Aonghus gu tric fiamh-ghair ;
 Bha mais nan gràs air, is fhuair am bàs e,
 Mar chraoibh ro-tharbhach tha crom gu làr.

Is an sgrì’ Dhòrnaich bha daoine breagh,
 A ghluais gu naomh ann an eagal Dhia,
 Is le bhi ’toiseach’ le Al’sdair ’Toiseach,
 Cha bhi mi ’g ainmeach’ ann so ach sea.

Bha Tomas Math’nach, dha’m b’aithn’, ’s dha’m b’eòl
 Air obair gràis a’ bhi ’deanamh sgeòil—
 ’S e labhradh òrdail ri ceist an òrduigh—
 ’Na bhriathr’ bha brìgh is ’n a ghuth bha ceòl.

Is Seumas Math’nach, bha’n Clais-nan-Cnamh,
 A chaidh a shàruchadh leis an namh,
 Rinn cor a linn iomadh uair gu tinn e,
 ’S dh’fhàg sud, gu tric e, gun fhois, gun tamh.

’S ann aig bha choguis bha maoth, is crìdh’
 Bha brùit’, ach eudmhor, mu ghlòir an Ti
 A shaor o bhàs e, ’s a bhuilich gràs air,
 ’S thug “ spionnadh nuadh ” dha’n tràth bhiodh e sgìth.

Is iomadh tonn a chaidh thar a cheann,
 Is sumainn laidir, is garbh neo-fhann,
 Ach as gach gàbhadh chaidh e a theàrnadh,
 Is o gach cuibhreach a bh’air, is bann.

* Widow Ross, Backies, Golspie.

Bu phrionns' 's an diadhachd a bh'ann gu fìor,
 'S cha robh na b'òirdheirc na e 's a' sgrì',
 'S gu dhachaidh bhuan 'n uair a thugadh uainn e,
 Ar leam, nach d'fhàg e a leithid 'n ar tìr.

Is Simon Domh-nullach cineal, ciuin,
 Air la-na-ceist 's e nach togadh uin',
 Oir 's e a dh'iarraidh gu'm biodh a bhriathra,
 Ro-thearc is òrdail, 's cha b'ann mar dhuin'.

'S bha Morchadh Domh-nullach daimheil, seimh ;
 Is Iain Munro, air 'n do chuir gràs sgeimh,
 Is e thug buaidh ann 'chi deanamh luaidh air
 Na naoimh ro-fhìùghail thug Dia gu neamh.

Bu duine gaisgeal e, agus treun,
 'S e dheanadh rusgadh air teagasg breun,
 Is thogadh fianuis air taobh na Fìrinn,
 Gun gheilt, gun fhiamh air, roimh aon fo'n ghrein.

'S an Craoich bha prasgan do dhaoine còir,
 Al'sdair Grannd', agus h-Abhaidh mòr ;
 Is Uistean Gream, bha e measg na dream sin
 Tha seinn an òrain a nis an glòir.

'S bha Al'sdair Grannd 'ud 'na dhuine beò,
 'S bha h-Abhaidh oirdheirc, is mòr Munrò
 'Na Chriosduidh treun, is neo-ghealtach, treubhant ;
 'S bha Uistean Gream ud na dhuin' gun ghò.

'S bha Al'sdair Leisnidh, is Uistean Man,
 'S " Bantrach h-Abhaidh," o, mais' na'm ban !
 'S ged chaidh a feuchainn le iomadh deuchainn,
 'S ann rinn sud sultmhor i, 'n àit' bhi tan'.*

Is Mearan òirdhearc an Eilbhinn bha,
 A tuigs' bha geur, is a crìdh' bha blàth,
 'S aig caithir gràis, O, bu tric an sàs i,
 Oir 's e 'chuir cradh oirre, cor ar là.

* In the spiritual sense, of course.

'S bha daoine fùghail an Ros, troimh ghràs,
 Mar chrannaibh seudair gu h-ard 'bha fàs,
 Ach tha na fireana anns gach sgìreachd,
 Ro-theare an aireamh, is gann an tràth-s'.

Domhnull Mac 'Illinlean 's a Chaisteal-Ruadh,
 Far an do shaothraich Iain mòr nam buadh,
 B' e 'ur bainne fìor ghlan fhuair e 'n a naoidhean,
 Dh' fhàg fallain, feumail e 's chuir air snuaidh.

Domh-null Nobul, 's a ghuth ro-chruaidh,
 'S bha thuigse geur, chum bhi deanamh luaidh
 Air nithe diomhair, bha roinn is faobhar
 Air gach ni labhradh e 'measg an t-shluaigh.

Is e a labhradh gu crionn 's gu réidh
 Mu obair gràis ann am pobull Dé—
 Och, b' e an solus e 'n sgìr' Ruith-Sholuis,
 Is fòs r' a ainm-san bu chosmhuil e.

Is Gill'mor àluinn, 'nis thugadh uainn,
 'S a chorp gu samhach 's an uaigh 'n a shuain ;
 Is o gach daorsa fhuair e làn saorsa,
 'N tràth thugadh suas e gu dhachaidh bhuan.

'S e 'dheanamh rannsachadh, 's sgrùdadh geur
 Le briathraibh tearc, ach ro-thaght da 'n réir,
 Ach chuireadh sùrd air a mhuinntir bhrùite,
 Oir bha brìgh ann a chainnt gu léir.

Is ged nach robh e am pears, ach fann,
 A ghràs, 's a thalannan cha robh gann ;
 Bha gibht gu leòr agus tuigs' bha mòr aig,
 Ach air a shaothair nis thainig ceann.

'S bha Donncha Camshron, no 'n "Gobha Mòr,"
 'N a cheisteir ainmeal an Abhai-mor—
 B' e 'n duin' nach caomhnadh an dream bha claonadh
 Is nach robh treibh-dhireach mar bu chòir.

Is bha e feumail' na là 's na ré,
 Oir bha deagh-bhlas air na theireadh e—
 A chainnt gu léir bha ro-fhallain 's geurach,
 'S e bhàs dh' fhàg fàsail, is lom, Srath-Spe.

Ach c'ait' am faic sinn an Deas no 'n Tuath,
 Daoine cho àluinn am mais' 's an snuadh
 Na naomhachd ghrinn? Och, cha'n fhaic 's an linn so,
 Daoine cho fiùghail 'n ar measg' cho luath!

Ach 's ann bu chòir dhuinn 'bhi 'sealtuinn suas
 A chum 's gu 'n gabhadh an Rìgh dhinn truas,
 'S ar bruid gu 'm pilleadh, 's an drùchd gu 'n sileadh,
 Is Spiorad ath-bhreith gu 'n dortadh nuas.

M A R B H R A N N

AIR

AN URRAMACH ALASDAIR URACHADAINN, BHA 'N GLASCHO.

AIR FÖNN—“*Far och is och, is och, mo leòn!*”

THA iomadh neach an diugh fo thuir's,
 Oir chriochnaich prionnsa mor a chùrs',
 Seadh, chriochnaich prionnsa mor a chùrs',
 'S gu 'dhuais nis thugadh dhachaidh e.

'Sa, Mhaighstir Urachadainn, nam buadh!
 Is lionmhor iad mu Dheas 's mu Thuath
 A dh' fhàg do bhàs ro-thuirseach, truagh,
 'S fo bhròn, cho luath, nach dealuich riu.

Le gibhtibh 's gràsaibh, nach robh gann,
 Chaidh thusa ùngadh leis a' Cheann,
 'S bha 'u Ti a ghairm thu air do chrann,
 A' nochdadh ceum an dleasanais.

Do bhreithneachadh bha glan is geur,
 Bha gràdh is blàth 's do chrìdh' d' a réir ;
 Is ged bhiodh t-fhocail tearc 's a' chléir,
 Bu ghaisgeach gleust' 's a' chùbaid thu.

Gu dileas, gairmeal chuir tu 'n céill
 Do theachd dìreachd 's gach àit' 's do sgeul,
 Bha t'eud do t'eòlas 's tabhairt géill,
 'S dol roimh do bheul bha t-fhaireachduinn.

Bha cudthrom, 's soluimteachd a ghnàth,
 Na'n luidh' ort' 's air 'na bhiodh tu 'g ràdh,
 Do bhriathr' bha breigheil, beathail, blàth,
 'S do phobull Dé ro-shòlasach.

Gun umhal cha robh thu 's gun sgoinn,
 Thaobh lòn a dheasachadh do 'n Chloinn,
 Oir bha thu 'tabhairt dhoibh 's a' roinn,
 Gu tuigseach, seolt', an cuibhrionn orr'.

Do 'n ocrach bheireadh tusa lòn,
 Is misneach dhoibh-san bha ri bròn,
 'S do 'n dream fo aimheal bha, 's fo leòn,
 Bha t-earrail eagnuidh, 's freagarrach.

Is bha thu feumail iomadh uair
 Do 'n dream a chriathr' an Namh 's a bhuair,
 'S bha cuid 'nan teanntachd uaits' fhuair,
 Da 'n inntinn saors', is comhfhurtachd.

'S mar theachdair treun an Tìomnuidh Nuaidh
 'S tu dheanadh iomradh agus luaidh,
 Air truaigh is cunnairtibh an t-shluaigh,
 Gun ath-bhreth bha, 's gun aithreachas.

Is àithn' an lagha bha tu fein,
 'S am bagairt 'cur an céill gu treun,
 Ach sgeul an aoibhneis, mar an ceudn',
 Bha sud le buaidh air aithris leat.

Seadh, eifeachd umhlacdh, 's fol' an Uain,
 Is doimhneachd, 's farsuinneachd a chuain
 Gun iochdar ta, 's os ceann gach smuain,
 'S nach tomhais naoimh troimh shiorruidheachd.

B' e 'n drùchd 's an t-ùngadh o 'n Ard-Rìgh
 Dh'fhàg sùltmhor, 's maiseach thu 's gach ni,
 Seadh, naomh am beath' is brùit' an crìdh',
 Is cùbhradidh ann do theagasg thu.

'S a, Mhaighstir Alasdair, a ghràidh !
 O pheacadh shaoradh thu 's o phlàigh,
 Is tha thu 'g òl a cuan gu'n tràigh,
 'S am bi thu 's namh troimh bhithbhuantachd.

Ach, o, 's e so ar n-aobhar caoidh—
 Do ghnùis nach fhaic sinn 'n so a chaoidh,
 Do ghnùis nach fhaic sinn 'n so a chaoidh,
 Is guth do bheòil nach cluinnear leinn.

Ach, nis gu 'n deanadh Dia 'n a thruas
 'S an àm so t-fhalluinn 'leigèal nuas,
 Is neach 'n a' t-àit'-s' a thogail suas,
 Bhiodh feumail ann a ghinealachd.

TO THE MEMORY
OF THE LATE
MR. WILLIAM SINCLAIR,
PULTNEYTOWN.

Now well may Caithness weep and sigh,
But chiefly Pultneytown,
When one fair cedar, tall and high,
Has lately been cut down.

O, what a loss is thus sustained
By Zion's faithful few,
When one's removed who aye maintained
The "old paths," good and true!

This worthy man, when quite a youth,
Was brought to know the Lord,
And early did the Word of Truth
To him much wealth afford.

His godliness was most upright,
His piety most sincere,
And though his joy was sometimes bright,
'Twas mixed with holy fear.

In prayer he was fresh and sweet,
Most fervent in the same,
With reverence—for this is meet—
He used the Holy Name.

He had a tender, loving heart,
As all his actions showed,
For of his substance, a fair part,
On good men he bestowed.

And he these "meetings" did frequent,
 Where faithful men are found,
 And never thought the time misspent
 If what he heard was sound.

When call'd upon to speak or pray,
 He showed much gravity,
 For he abhorr'd the vain display
 That lacks humility.

But surface-work and lifeless form
 Could him ne'er satisfy,
 For well he knew that in the storm
 The empty chaff would fly.

But now this good and holy man,
 On earth no more we'll see ;
 By faith he lived, through grace he ran,
 And now from sin he's free.

Now may the Lord, by His own grace,
 The wall of Sion raise,
 And stir up men to seek His face,
 And to declare His praise !

And may He raise up in the North
 Young men of holy zeal,
 And from above His pow'r send forth,
 And our backslidings heal !

x

